

Fèisean nan Gàidheal

Tuairisgeul-Obrach

Tìotal:	Rianaire
Àite:	Port-Rìgh ged a bhitheamaid deònach beachdachadh air obair air falbh bhon oifis
Tuarastal:	Tuarastal £21,057 gu £23,966 a-rèir eòlais
Ùine:	Làn-ùine (35 uairean san t-seachdain) ach sùbailte nam b' fheàrr le neach freagarrach obair pàirt-ùine

Bun Fhiosrachadh

'S e buidheann nàiseanta a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri còrr is 45 Fèisean ionadail air feadh Alba, a' toirt cothrom do thimcheall air 18,000 òganach sgilean ealan Ghàidhlig ionnsachadh a bharrachd air obair ann am foghlam Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a chur air dòigh.

Thathar a' sireadh Rianaire a bhios ag obair ann an grunn roinnean. Bhiodh eòlas air siostaman ionmhais agus tuarastail feumail, ged a bhios trèanadh ri fhaighinn, agus sgilean coimpiutaireachd aig àrd ìre deatamach.

Bidh an neach a shoirbhicheas ag obair ann am prìomh oifis na buidhne ann am Port-Rìgh thairis air 35 uairean a thìde gach seachdain ged a bhitheamaid deònach bruidhinn ri tagraichean a thaobh modhan-obrach eile, mar eisimpleir obair pàirt-ùine seach làn ùine, no uairean sùbailte eadar an taigh 's an oifis. Bidh an Rianaire fo stiùir Manaidsear Gnìomha na buidhne.

Prìomh ghnìomhan na dreuchd seo

A' toirt taic don Mhanaidsear Gnìomha, gu sònraichte:

- Rianachd na buidhne san fharsaingeachd
- A' toirt taic le obair ionmhais agus tuarastail
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na stuthan a tha a dhìth air gach oifis ann
- A' coimhead an dèidh banca-ionnsramaidean ciùil, gan cur a-mach agus gan toirt a-steach mar a bhios iomchaidh, a' cur a-mach cùmhnantan (le teamplaid), fàirdealan a sgaoileadh agus a' gabhail gnothach ri an càradh nuair a bhios feum air a leithid
- A' cuideachadh le Sgeama Tabhartasan nam Fèis
- A' cuideachadh le Tasgadh - Sgeama Tabhartasan Beaga nan Ealan Dùthchasach agus Maoin nan Ealan Gàidhlig, gan ruith às leth Alba Chruthachail
- A' coimhead an dèidh cunntasan agus òrdain airson leabhraichean a tha Fèisean nan Gàidheal air fhoillseachadh
- A' cumail rian air ar stòr-data
- A' cur ri chèile litir-naidheachd ràitheil agus ga sgaoileadh gu didseatach
- Ùrachaidhean air na làraich-lìn aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas mar a bhios iomchaidh
- A' cur air dòigh àiteachan airson coinneamhan den Bhòrd Stiùiridh a chumail agus àiteachan-fuirich airson buill agus luchd obrach bho àm gu àm
- A' cur ri chèile gèarr-chunntas de choinneamhan a' Bhùird agus coinneamhan eile mar a bhios iomchaidh
- A' cur choinneamhan den luchd-obrach air dòigh gu cunbhalach agus a' cumail gheàrr-chunntasan
- A' cruinneachadh cìs ballrachd nam Fèis uair sa bhliadhna

- A' toirt taic le bhith a' cur air dòigh co-labhairt agus coinneamh bhliadhnail na buidhne
- A' toirt taic rianachd don t-seirbheis Fèisgoil
- A' cumail taic ri luchd-obrach eile mar a tha iomchaidh ann an sgioba beag.

Gnìomhan eile

- A' gabhail pàirt ann a tachartasan air an cur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal, m.e. co-labhairt agus coinneamh bhliadhnail na buidhne
- A' cuideachadh le aithisgean a dheasachadh airson coinneamhan de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal agus do bhuidhnean maoinachaidh mar a bhios iomchaidh
- A' gabhail pàirt anns an t-siostam measaidh aig Fèisean nan Gàidheal
- A' frithealadh làithean-trèanaidh airson luchd-obrach ma bhios sin iomchaidh
- Obair eile sam bith a tha taobh a-staigh crìochan na dreuchd a tha seo.

Sgilean pearsanta a tha dhìth

- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig, le comas labhairt agus sgrìobhaidh. Bidh barrachd cuideam air sgilean còmhraidh aig an ìre seo, agus bidh prògram trèanaidh ann airson sgilean sgrìobhaidh a neartachadh mar a bhios iomchaidh. Tha sinn gu math taiceil do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus chuireamaid fàilte air tagradh bho neach a dh'fhaodadh an cuid sgilean cainnt neartachadh ann an àrainneachd far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu cunbhalach.
- Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho dhaoine aig a bheil eòlas, neo foghlam freagarrach co-cheangailte ri obair rianachd agus tha cleachdte ri dèiligeadh ri daoine.
- Bu chòir ùidh a bhith aig tagraichean ann an obair nam Fèis agus anns na h-ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd
- Bu chòir comas a bhith aig tagraichean obair a chur air dòigh air an ceann fhèin, gun stiùir aig amannan
- Bidh eòlas air obair chompiutairean deatamach, gu sònraichte prògraman a leithid Microsoft Word, Excel agus Powerpoint. Bhiodh e feumail nam biodh eòlas aig tagraichean air Adobe Acrobat, Photoshop, InDesign, MYOB agus Wordpress, ged a bhios trèanadh ann.
- Cha bhi cead-draibhidh deatamach san dreuchd seo ach bhiodh e feumail.

Bidh an tuarastal eadar £21,057 gu £23,966 a-rèir eòlais. Tha Fèisean nan Gàidheal a' pàigheadh 5% de ur tuarastal a-staigh gu peinnsean. Thèid cosgaisean co-cheangailte ris an dreuchd a phàigheadh a thuilleadh air tuarastal. Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro dheuchainn sgrùdaidh mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Bu chòir do thagraichean cunntas-beatha (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn an cois na foirm-iarrtais, air a lìonadh a-steach leis an fhiosrachadh air fad a tha sinn a' sireadh.

Cuiribh foirmichean gu Anna Willoughby, Manaidsear Gnìomha, Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port-Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ neo air post-d gu anne@feisean.org ro 5f, Diardaon 31mh Màirt 2022.

Airson cothrom còmhraidh agus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd, leigibh fios gu Anna Willoughby air 01478 613355.

Feumaidh tagraichean a bhith a-steach ro 5f, Diardaon 31mh Màirt 2022

'S e fastaiche co-ionannachd chothroman a th' ann am Fèisean nan Gàidheal a bhios a' pàigheadh co-dhiù an Tuarastal Bith-beò le dealas do dh'Obair Chothromach.

Tha Fèisean nan Gàidheal cùramach a thaobh fiosrachadh a làimhseachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal [seo](#) agus ma tha iomagain no adhbhar agad cùis sam bith a thogail mun dòigh sa bheil sinn air fiosrachadh a làimhseachadh cuir fios gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne tro dpo@feisean.org.